



An-diugh, 's e àite breagha agus gu math sàmhach a th' ann an abhainn Cheilbhinn, le slighe mòr-chòrdte airson coiseachd, ruith is rothaireachd feadh na h-aibhne. O chionn dìreach dà cheud bliadhna, ge-tà, bha coltas gu math eadar-dhealaichte air an sgìre seo. Gàrraidhean agus slighean sàmhach, obair cruaidh gnìomhachais, ailtireachd spaideil agus am bàile a' leudachadh far an robh achaidhean ann... abair cruth-tìr iomsgarach, a' sìor-atharrachadh tro eachdraidh còmhla ri beatha daoine na sgìre.


Ghabhaibh cuairt còmhla rinn gus faighinn a-mach mu chuid de na bhiodh a' dol air bruachan Cheilbhinn. Bidh sibh a' lorg an àite far an deach gach dealbh a thogail, le beagan cuideachaidh bho àm gu àm...

Bidh feum agaibh air:

- 1) Mapa
- 2) Duilleagan le dealbhan

Halò! Is mise Brù-dhearg agus tha mi a' fuireach ann an suicheantas Baile Ghlaschu còmhla ri mo charaidean: an t-lasg, an Clag, agus a' Chraobh. Bidh sinn gad chuideachadh bho àm gu àm...





Bidh agad ri coiseachd suas... tha seo rud beag nas fhaide air falbh bhon abhainn.





Chan eil ann ach ballaichean briste an seo an-dràsta, ach tha cuimhne agam air an àm nuair a bha an t-uisge luath agus làidir, agus na clachan seo fhathast ag obair. Abair fuaim, agus an àite fhèin làn daoine a bhiodh a' tighinn agus a' falbh le bagaichean mòra làn guail, flùr agus fùdair...





4



5

Faisg air na taighean-glainne far a bheil tòrr lusan brèagha ann! An robh thu riamh a-steach?

Uaireannan bidh mi a' stad an seo gus coimhead air an uair... cha toil leam a bhith fadalach!






6



7



Seo far a bheil caraid eile  
agam a' fuireach. 'S e  
corra-ghlas a th' innte,  
eun mòr liath le gob fada.  
'S toil leatha iasgach...  
agus eacarsaich.



Faisg air **dealbh 2**

